

AN TUR LAIDIR

SEARMOIN

Leis an Urramach

DONULL MACCALUM,

MINISTEIR,

SGIRE-NAN-LOCH,

LEODHAS.

AN DAINGNEACH, ARD.



AN T-URRAMACH DONULL MACCALUM.

THA daingneach ann roimh thim fhuair steidh
 'S nuair chait' an ce bhith's maireanach
 Na fireana da ionnsuidh theid
 'S cha'n eirich beud fo fhraighean dhoibh.

'Am farsaineachd na duthecha ghorm,
 'S an grinne ceol, tha 'g amharc ris,
 Gu'n abair thu gur maith a' choir
 Gur h-e Elohim chanar rith'.

Tha shuidheachadh fo sgeith nan sgor
 Mar stiopail oir a lasadh ta
 'S on their iad: "'Se Iehobhah th' oirn'"
 Cha teid na's mo an carachadh.

Mar dhiamond cruaidh gu buileach slan,
 A charraig ta fo 'bhallachaibh,
 'S air son a neart nach geil gu brath
 Gu'n can gach al gur Shaddai i.

Gun fhaiciun leat cha tuig thu sgeimh
 Na luchairt dh' eireas thairis ort,
 Na sheasmhachd sior gun chaochladh re
 Air Ehebheh 's ro airidh ta.

Na treubhan th' ann cha bhi orr' dith
 A chaidh de ni bhith's taitneach leo
 Le craobhan thig fo bhlath gach mios
 Iehobhah Ireh bheannaich e.

A cuibhreachadh gach eri le adh
 Nach bi gu brath a fannachadh,
 Gu'm bi ann sith a gabhail ait'
 Iehobhah Shalom 's barantas.

Do roghnaich thar gach ait an Ti
 'Se El Roi am baideal so
 Na ionad-comhnuidh dha gu bhi
 Le phobul rionhach 's earran dha.

Os ceun a bhinnein 's aird g'ar dion
 Chur' El Nissi a bhratach-san,
 'S cha'n eagal leinn gu'n eirich stri
 A leagas sios gu talamh e.

Gu aird na neoil mar bhogha-dil'
 Sinn Abba chi gu flathasach,
 A cuir an ceil le toil an Rìgh
 Gu h-e gu sior ar dachaidh e.

Car son a ni sinn caoidh na's mo
 Ged theid ar leon s an rathad thuig',
 'Us ann gu'n siab o'r gruaidh na deoir
 Na lamhan grobt' ri crannaibh bha?